

Na Fir-chlis

Fàilte gu #DynamicEarthOnline far am bi sinn a' co-roinn cuibhreann beag iongantach saidheansail gach seachdain. An t-seachdain sa, tha cuideigin san sgioba dìreach air tilleadh à ceann a tuath Nirribhidh agus tha a h-ùile càil mu na Fir-chlis no an Aurora Borealis.

Tha na solais uaine a bhios a' dannsa san adhar gu tuath air an dèanamh nuair a bhuaileas gaoth grèine (mìrean le lùth mòr bhon ghrèin) anns an àile againn. Bidh gaoth na grèine an uair sin a' bualadh ann an

rudan mar Ogsaidean agus Naitridsean a bhios an uair sin a' dèanamh solas! A rèir 's dè an rud anns am buail iad agus càite san àile, gheibh sinn diofar dhathan, ach 's e uaine as trice a bhios ann. Chan fhaic sinn na solais seo ach fada gu tuath no fada gu deas air a' phlanaid againn. Tha sin a chionn 's gun caomh le gaoth na grèine a bhith a' leantainn an raoin mhagnaiteach againn, agus bidh an raon magnaiteach a' lùbadh sìos dhan talamh aig a' Phòla Deas agus aig a' Phòla Tuath. Uaireannan, ma bhios sinn fortanach, buailidh

'brùchd' grèine an talamh. Bheir sin crathadh air an raon mhagnaiteach agus chì sinn an Aurora gu math nas fhaide a deas ann an Alba na 's àbhaist!

[Chì thu tuairmsean na sìde an seo!](#)

Seo dealbh de Eubha agus a caraidean leis an Aurora nuair a bha iad air an turas aca. Airson tuilleadh fiosrachaidh mun turas aca, thoir sùil air a' [bhlog](#) againn.

